

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/13/24

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Sultain 2024

Tìotal Aithisge: Co-labhairt na Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha Co-labhairt Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd ag amas air toraidhean is gnìomhan dìreach a thoirt seachad gus taic a chur ri cuspair Gnìomhachas agus an Eaconamaidh ann am Plana na Gàidhlig. Taobh a-staigh a' chuspair, tha dà phrìomh raon:

- Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnothachasan is iomairtean sòisealta; agus
- Cleachd a' Ghàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach ann an Alba.

Tha an aithisg a' toirt fiosrachadh do Bhuill Thaghte mu na h-ìrean planaidh agus mun bhuidhean a thathar an dùil a bhios aig Co-labhairt na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus air Plana na Gàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- beachdachadh agus toirt fa-near do dh'adhbhar Co-labhairt na Gàidhlig; agus
- beachdachadh air buaidh Co-labhairt na Gàidhlig air Cuspair Gnìomhachais agus an Eaconamaidh ann am Plana na Gàidhlig.

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha libhrigeadh Plana na Gàidhlig air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, tabhartasan Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).

Bidh a' Cho-labhairt a' faighinn taic bhon Mhaoin Shoirbheachais.

- 3.2 **Laghail**
Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aice fo theirmean Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an dleastanas a' gabhail a-steach uallach a bhith a' buileachadh ghealltanasan agus a' toirt cunntas cinnteach mun deidhinn.
- 3.3 **Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)**
Tha an aithisg a' gèilleadh ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd air co-ionannachd.
- 3.4 **Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach**
Tha am pròiseas solarachaidh airson Co-labhairt na Gàidhlig a' gabhail a-steach gealltanas riatanach bhon t-solaraiiche gum bi na thèid a libhrigeadh a' coinneachadh nam builean a' buntainn ri Atharrachadh Gnàth-shìde is Carbon Ciallach.
- 3.5 **Cunnart**
Thèid stiùireadh cùramach a dhèanamh air Planaichean Leantainneachd Gnothachais a thaobh prìomh chunnartan, airson dèanamh cinnteach gu bheil an tachartas soirbheachail.
- 3.6 **Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)**
Tha slàinte is sunnd an luchd-fhrithealaidh air a ghabhail a-steach anns na thathar ag iarraidh bhon t-solaraiiche airson a bhith a' libhrigeadh Co-labhairt na Gàidhlig.
- 3.7 **Gàidhlig**
Deagh bhuaidh a thaobh a bhith a' libhrigeadh nan toraidhean a' buntainn ri Gnìomhachas agus an Eaconamaidh ann am Plana na Gàidhlig.

4. Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 4.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cur Co-labhairt na Gàidhlig air dòigh gus freagairt air prìomh raointean taobh a-staigh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha fòcas soilleir air a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tron Phlana Ghàidhlig, tha a' Chomhairle a' leantainn air adhart le gealltanas gun toir i taic is neartachadh dhan chànan thar a seirbheisean agus le prìomh chom-pàirtichean. Tha Plana na Gàidhlig ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri luach farsaing foghlamach, sòisealta, cultarach is eaconamach agus ri sunnd na Gàidhealtachd.

- 4.2 Bidh Co-labhairt na Gàidhlig a' toirt prìomh luchd-labhairt bho air feadh na dùthcha còmhla agus ag amas air ùidh a tharraing gu eadar-nàiseanta gus deasbaireachd a bhrosnachadh is lèirsinnean a cho-roinn mu luach na Gàidhlig. Bidh Co-labhairt na Gàidhlig a' coimhead air mar as urrainn do chànanan buannachdan agus buaidh mhath a thoirt air gnìomhachas, an eaconamaidh agus luach cultarail.

5 Adhbhar Co-labhairt na Gàidhlig

- 5.1 'S e adhbhar na co-labhairt aon-latha fianais a thogail mu luach chultarach agus mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig comas eaconamach na Gàidhlig ann an gnìomhachas agus so-fhastachd air feadh na Gàidhealtachd.

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' gabhail a-steach prìomh chuspair airson gnìomhachas agus an eaconamaidh.

- 5.2 Bidh Co-labhairt na Gàidhlig a' coimhead air buaidh comas eaconamach na Gàidhlig ann an gnìomhachas agus so-fhastachd.

Tha seo a' toirt seachad toraidhean dìreach airson Cuspair Plana na Gàidhlig: Gnìomhachas agus an Eaconamaidh:

- Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnothachasan is iomairtean sòisealta; agus
- Cleachd a' Ghàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach ann an Alba.

- 5.3 Plana na Gàidhlig – Co-chomhairleachadh Poblach

Às dèidh co-chomhairleachadh poblach mun dreachd Phlana Gàidhlig, chaidh beachdan fhaotainn mu chuspair Gnìomhachais agus an Eaconamaidh. Mar fhreagairt do na beachdan, neartaich Comhairle na Gàidhealtachd an cuspair seo sa Phlana Gàidhlig.

Bidh Co-labhairt na Gàidhlig a' libhrigeadh air toraidhean Gnìomhachais agus an Eaconamaidh, gu ìre mar fhreagairt dhan fhios air ais bhon cho-chomhairleachadh seach gum bithear a' tabhann fianais agus lèirsinn mu luach na Gàidhlig thar eaconamaidh na Gàidhealtachd.

6 Foir-shealladh mun Cho-labhairt

- 6.1 Tha sinn ag amas air com-pàirteachas farsaing bho dhiofar roinnean, a' toirt còmhla prìomh luchd-labhairt le eòlas ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gus cur ri luach, buannachd a thoirt do sho-fhastachd, agus toraidhean eaconamach is sunnd a mheudachadh.

Thèid luchd-ùidhe bho air feadh na Gàidhealtachd, a bharrachd air aoi ghean eadar-nàiseanta, a thoirt an lùib Co-labhairt na Gàidhlig gus cothroman lionrachaidh a ghlacadh.

- 6.2 Tha dùbhlain mu choinneimh mhion-chànanan bho dhùthchannan eile, coltach ris na dùbhlain a tha mu choinneimh na Gàidhlig. Tha buannachdan an lùib a bhith a' co-roinn eòlasan, ro-innleachdan is fuasglaidhean soirbheachail, a bharrachd air sgeulachdan a tha air a bhith èifeachdach anns na co-theacsaichean aca fhèin. Faodaidh seo lèirsinn is stiùir a thabhann a thaobh buaidh Co-labhairt na Gàidhlig.

Bheir còmhraidhean eadar-nàiseanta seachad cothrom airson co-obrachadh thar chultaran. Bidh an dòigh-obrach a' togail lìonraidhean airson com-pàirteachasan a bheir taic is a mheudaicheas goireasan is buaidh.

7 Sgrùdaidhean Cùise agus An Cleachdadh as Fheàrr

- 7.1 Bidh Co-labhairt na Gàidhlig a' sireadh prìomh luchd-labhairt is chom-pàirtichean gus ionnsachadh bho sgrùdaidhean cùise agus bho eisimpleirean dhen chleachdadh as fheàrr a thaobh Gàidhlig ann an Gnìomhachas agus san Eaconamaidh. Tha a' cho-labhairt ag amas air lèirsinnean cudromach a ghlacadh agus prìomh phuingeann a thoirt às gach seisean.

- 7.2 Tha eisimpleirean de ghleidheadh is ath-bheòthachadh cànan, tro chuspair Gnìomhachais agus an Eaconamaidh sa Phlana Ghàidhlig, riatanach do Cho-labhairt na Gàidhlig.
- 7.3 Thèid aithisg eile le prìomh mholaidhean agus le fiosrachadh mu bhuidh Co-labhairt na Gàidhlig a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig às dèidh an tachartais.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 20 Lùnastal 2024

Ùghdar: Lena Walker

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: